



## **Naomh Josemaria**

Stèidheadair Opus Dei

Ùrnaigh

*O Dhia, tro eadarghuidhe ar màthar beannaichte Moire, thug thu gràsan do-àireamh don t-sagart Naomh Josemaria, a roghnaich thu mar ionnstramaid fìor-dhìleas a chum Opus Dei a chur air bhonn mar dhòigh obair làitheil a naomhachadh agus dlighean gnàthach a' Chrìosdaidh a choileanadh. Deònaich gun ionnsaich mise cuideachd gach cor is cùis mo bheatha a thionndadh nan adhbhar airson gràdh a thoirt dhutsa agus seirbheis a dhèanamh dhan Eaglais, dhan Phàp agus do gach anam, gus slighean na talmhainn seo a shoilleireachadh le creideamh agus le gràdh. Tro eadarghuidhe Naoimh Josemaria, deònaich, mas e do thoil e, am fàbhar seo a bhuileachadh orm (dèan t' athchuinge an seo). Amen.*

*Paidir, Beannachadh Moire, Glòir.*

*Ge b'r'ith càite a bheil do thogradh, t' obair no iarrtas do chridhe, sin far an tachair thu air Chrìosd gach latha. 'S ann an deis-mheadhan gnothaichean an t-saoghail a bu chòir dhuinn sinn-fhìn a naomhachadh, agus seirbheis a thoirt do Dhia agus do gach duine. Saoilear gu bheil nèamh agus talamh a' tighinn ri chèile air fàire, mo mhic agus mo chlann-nighean, ach 's ann da-rìribh nur cridheachan a tha iad a' coinneachadh nuair a naomhaicheas sibh ur beatha gach latha. Naomh Josemaria, Searmon "A' toirt gràdh dhan t-saoghail le ur n-uile cridhe", 8. Damhar 1967*

Rugadh Naomh Josemaria ann am Barbastro anns an Spàinn air 9 Faoilleach 1902. Chaidh òrdachadh dhan t-sagartachd ann an Saragossa air 28 Màrt 1925. Air 2 Damhar 1928, le toil Dhè, stèidhich e Opus Dei. Air 26 Ògmhios 1975, dh'èug e gu h-obann anns an Ròimh san t-seòmar-obrach aige, an dèidh dha sùil ghràdhmhor dheireannach a thoirt air dealbh de Mhoire Mhàthair. Aig an àm, bha Opus Dei air sgaoileadh gu na còig mòr-thìrean, le barrachd air 60,000 buill bho 80 dùthchannan a' toirt seirbheis dhan Eaglais ann an aonachd an spioraid cheudna a sheall Naomh Josemaria dhan Phàp is dha na h-easbaigean. Air 6 Damhar 2002, chaidh fear-stèidheachaidh Opus Dei a choisrigeadh mar naomh leis a' Phàp naomh Eòin Pòl II. Thathar a' cumail fèill Naoimh Josemaria air 26 Ògmhios.

Tha corp Naoimh Josemaria fon altair ann an eaglais phrìomhlaideach Baintighearna na Sìthe, Viale Bruno Buozzi 75, an Ròimh.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Naomh Josemaria aig:

[www.josemariaescriva.info](http://www.josemariaescriva.info)  
[www.opusdei.org](http://www.opusdei.org)

Thathar ag iarraidh gun leig iadsan a gheibh fàbharan tro eadarghuidhe Naomh Josemaria fios gu Prìomhlaideachd Opus Dei, 4 Orme Court, Lunnainn, W2 4RL.

Le cead na h-eaglaise.